

POILEASaidh Gàidhlig

Cùl-fhiosrachadh

Chaidh Achd Cànanan na h-Alba aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba air 17 Ògmhios 2025 agus chaidh e na Achd air 31 Iuchar 2025. Tha e a' stèidheachadh Gàidhlig agus Albais mar chànanan oifigeil, agus a' toirt a-steach caochladh ghniomhan gus fàs na Gàidhlig agus na h-Albais a luathachadh, a' gabhail a-steach taic gus raointean cudromach a thaobh cànan a chruthachadh ann an coimhearsnachdan Gàidhlig gus an urrainnear poileasaidhean a chumseachadh nas fheàrr, agus targaidean a thoirt a-steach air àireamh nan daoine a' bruidhinn agus ag ionnsachadh Gàidhlig.


Tha seo a' cur ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, a stèidhich buidheann reachdail Ghàidhlig, Bòrd na Gàidhlig, gus cleachdadh is tuigse na Gàidhlig a bhrosnachadh, agus cothrom air Gàidhlig is cultar na Gàidhlig a chuideachadh, leis an amas air a' cheann thall a bhith ag obair gus cur ri àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig agus cleachdadh làitheil a' chànan a leudachadh.

Feumaidh Bòrd na Gàidhlig Plana Nàiseanta Gàidhlig a chur ri chèile gus cleachdadh is tuigse na Gàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig a chur air adhart agus toirt air ùghdarrasan poblach eile plana Gàidhlig a chur ri chèile. Chan eil CHARTS na leithid sin de bhuidheann poblach ach chuir e roimhe Poileasaidh Gàidhlig foirmeil a leasachadh agus Ro-innleachd Cultair Ghàidhlig a lìbhrigeadh le taic bhon Bhòrd.

Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023–2028

Bha na h-amasan a leanas aig Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-2028 a chuir Bòrd na Gàidhlig ri chèile a bheir CHARTS air adhart tron Phoileasaidh Gàidhlig agus Ro-innleachd Cultair Ghàidhlig aige:

- A' cur ri cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.



- A' cur ri cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig anns na gnìomhachasan cruthachail.
- A' cur ri cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig ann an gnìomhachas is anns an eaconomaidh.

Tha na h-amasan ro-innleachdail a leanas aig CHARTS:


- leasachadh luchd-cultair is luchd-dualchais le bhith a' co-obrachadh agus a' com-pàirteachadh le feadhainn eile;
- leasachadh is cleachdadh conaltradh èifeachdach thairis air crìochan a thaobh àiteachan is roinnean;
- toirt fàs ann an co-obrachadh air an luchd-èisteachd is luchd-cleachdaidh againn le bhith gar sanasachd fhèin agus a' sanasachd feadhainn eile gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta;
- leasachadh is libhrigeadh phròiseactan ann an com-pàirteachas a bheir togail-inntinn, oideachadh agus tlachd dha na coimhearsnachdan is dhan luchd-tadhail agus;
- faighinn is sgaoileadh ghoireasan is trèanadh gus cultar is dualchas a nochdadh ri luchd-èisteachd nas fharsainghe.

Aig teis-meadhan nan amasan seo tha cur air adhart ìomhaigh dheimhinneach den Ghàidhlig, a thèid a libhrigeadh ann an trì dòighean bunaiteach:

- A' cur air adhart ìomhaigh dheimhinneach den Ghàidhlig agus ag àrdachadh mothachadh tron Ghàidhlig agus tro mheadhanan eile, agus tro na h-ealainean Gàidhlig.
- A' cur air adhart luach sòisealta, eaconomach agus cultarail na Gàidhlig.
- A' cur air adhart bheachdan deimhinneach mun Ghàidhlig, mun dà-chànanachas, agus mu eugsamhlachd agus ion-ghabhaltachd.


AITHRIS PHOILEASIDH

Tha dà obair aig CHARTS, taic a chur ri leasachadh is cultar na Gàidhlig mar chom-pàirtiche ro-innleachdail agus taic a chur ris an fheadhainn a tha a' leasachadh




Gàidhlig air an làr tro thionnsgnaidhean, thachartasan is phròiseactan neo-eisimeileach:

1. Cuiridh CHARTS taic gu gnìomhach is gu follaiseach ri cànan is cultar na Gàidhlig leis an obair air fad aige, a' nochdadh gu bheil e na phàirt bunaiteach den ìomhaigh chorporra aige.
2. Bidh CHARTS ag obair mar thosgair aig ìre nàiseanta is eadar-nàiseanta ann an cur air adhart nan ealain Gàidhlig agus cuiridh e an luach a th' orra mar mhaoin chultarail air adhart.
3. Brosnaichidh CHARTS ballrachd Ghàidhlig na chuid luchd-obrach, air a' Bhòrd agus a chuid chomataidhean is bhuidhnean.
4. Feuchaidh CHARTS ri bhith ag obair gu dlùth leis an ùghdarras ionadail, le Bòrd na Gàidhlig, Alba Chruthachail agus luchd-pàirteachaidh eile ann an cur air adhart ìomhaigh dheimhinneach den Ghàidhlig.
5. Tha CHARTS mothachail air àite Ghàidheil Earra-Ghàidheal, an cuid obrach thar nan linntean ann an cruthachadh stèidh chultarail na roinne; an dìleab cànan air leth aca, agus air an fheum air an cuid ghuthan is bheachdan air na tha air fàire do dh'Earra-Ghàidheal a bhith aig cridhe nam planaichean againn a' dol air adhart.
6. Tha CHARTS mothachail gu bheil coimhearsnachd Ghàidhlig an latha an-diugh air a dèanamh le daoine à gach ceàrnaidh den t-saoghal eadar na Gàidheil fhèin, luchd-ionnsachaidh à iomadach àite is dualchas agus iomadh com-pàirtiche eile, an dà chuid prìobhaideach is dreuchdail. Tha CHARTS a' cur a thaice gu làidir ri gleidheadh coimhearsnachd Ghàidhlig a tha fosgailte is farsaing do gach duine a tha ag iarraidh cur rithe agus tasgadh innte.
7. Tha CHARTS mothachail gu bheil Gàidhlig fa leth ann an seagh cultarail bhon Bheurla agus mar bhuidheann, nì e a dhìcheall conaltradh nuair a thathar a' cleachdadh Gàidhlig air mhodh a tha a rèir ghnàthasan na Gàidhlig.



8. Tha CHARTS mothachail cuideachd air an eugsamhlachd mhòr roinneil taobh a-staigh na Gàidhlig agus cuiridh e roimhe dual-chainntean is seachas cugallach Earra-Ghàidheal far a bheil a' chuid as motha den obair againn air a stèidheachadh, a ghleidheadh is a sgaoileadh don luchd-èisteachd is don bhallrachd again uimhir is a ghabhas dèanamh, gus an cùm iad orra a bhith mar phàirt de bheatha na roinne tro thoradh nan ealain agus dìleib chultarail do-bheantainnich eile.
9. Brosnaichidh CHARTS tachartasan is buidhnean-obrach gus eòlas a sgaoileadh agus gus cur ri mothachadh agus ùghdarrachd na Gàidhlig a dhìon is a chaomhnadh.
10. Feuchaidh CHARTS ri Oifigear Cultair Ghàidhlig fhasadh gus:
 - a. Ro-innleachd Ghàidhlig CHARTS a libhrigeadh agus cur an gnìomh Poileasaidh na Gàidhlig a stiùireadh.
 - b. Buill lìonra is com-pàirtichean ro-innleachdail CHARTS a riochdachadh is a chuideachadh gus an soirbhich leis a' Ghàidhlig.
 - c. Taic a chur ri tachartasan roinneil Ghàidhlig.
 - d. Cothroman a leudachadh do Ghàidheil òga dol an sàs ann am pròiseactan an lùib nan ealain, dìleib agus cruthachadh àiteachan.
 - e. Seimeanaran-lìn a chur air dòigh air cuspairean sònraichte ag amas air luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh Ghàidhlig.
 - f. Taic gu sònraichte a thairgse do bhuill Ghàidhlig CHARTS.
 - g. CHARTS a chur air adhart do choimhearsnachdan cultarail, ealain is dìleib Ghàidhlig ann an Earra-Ghàidheal, gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta
 - h. Taic a chur ri obair eadar Gàidhlig na h-Alba, Gàidhlig na h-Èireann is Beurla agus eadar-theangachaidhean dà-chànanach no trì-chànanach nuair a bhios sin na chuideachadh.
 - i. Co-obrachadh le luchd-obrach is buidhnean eile ann a CHARTS air iomairtean thar roinnean.



Smachd dreach na dòcamaid

Ma tha ceist sam bith agaibh, cuir fios gu: info@chartsargyllandisles.org

Sùil mu dheireadh air san 26mh latha den Mhairt